

# Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh

## Dè a th' ann am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh?

'S e pàigheadh £58.75 a th' ann mar chuideachadh do dhaoine a tha a' faighinn shochairan sònraichte agus aig a bheil feuman teasachaidh a bharrachd rè a' gheamhraidh.

Thèid a phàigheadh aon turas gach bliadhna agus ma tha daoine airidh air gheibh iad am pàigheadh gu fèin-obrachail.

Tha e a' tighinn an àite Pàigheadh na h-Aimsir Fuair bho Roinn na h-Obrach agus nam Peinnean airson daoine ann an Alba. Eu-coltach ri Pàigheadh na h-Aimsir Fuair, chan eil e a' crochadh air dè cho fuar 's a dh'fhàsas an aimsir.

## Dè cho tric 's a thèid a phàigheadh?

Thèid a phàigheadh gach bliadhna do dhaoine a tha airidh air.

## Cò gheibh am Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh?

Tha airidheachd an aon rud 's a tha e airson Pàigheadh na h-Aimsir Fuair.

Feumaidh daoine a bhith a' faighinn agus a' coileanadh riatanasan sònraichte aig sochair bhuntainneach airson co-dhiù aon latha ann an seachdain bhuntainneach.

## 'S iad na sochairan buntainneach:

- Creideas Coitcheann
- Creideas Peinnein
- Taic Teachd a-steach
- Cuibhreann Sireadair-obrach Stèidhichte air Teachd a-steach
- Cuibhreann Taic Cosnaidh Ceangailte ri Teachd a-steach
- Taic airson Riadh Morgaidse

Chan eil riatanasan sònraichte ann airson Creideas Peinnein. Ma tha an neach a' faighinn Creideas Peinnein, tha iad airidh air Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh.

Gheibhear liosta shlàn de na riatanasan sònraichte airson gach sochair air-loidhne aig [mygov.scot/winter-heating-payment/eligibility](https://mygov.scot/winter-heating-payment/eligibility).

## Am feum daoine iarrtas a chur a-steach?

Gheibh a' mhòr-chuid de dhaoine a tha airidh am pàigheadh seo gu fèin-obrachail agus chan fheum iad iarrtas a chur a-steach.

Gheibh daoine litir bho Thèarainteachd Shòisealta Alba ag innse dhaibh gu bheil iad airidh.

Mura faigh daoine Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh agus ma tha iad am beachd gu bheil iad airidh air, bu chòir dhaibh fòn a chur thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**, no foirm iarrtais airson Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh a lìonadh air-loidhne aig [mygov.scot/winter-heating-payment-request-form](https://mygov.scot/winter-heating-payment-request-form).

## Ciamar a gheibh daoine a-mach a bheil iad airidh?

Gheibh daoine litir ag innse dhaibh gu bheil iad airidh.

## Cuin a thèid am pàigheadh a dhèanamh?

Thèid pàighidhean a dhèanamh uair sa bhliadhna. Thèid pàighidhean a' gheamhraidh 2024-2025 a dhèanamh bho mheadhan na Dùbhlachd 2024.

## Ciamar a thèid am pàigheadh a dhèanamh?

Mar as trice, nì Tèarainteachd Shòisealta Alba am pàigheadh dhan chunntas-banca a tha air a chlàradh againn.

## Am feum daoine fianais no cuidhteas a shealltainn?

Chan fheum. Chan fheum daoine sealltainn mar a chosg iad am pàigheadh.

## Dè thachras ma tha an neach a' fuireach taobh a-muigh na h-Alba?

'S e aon de na riatanasan airidheachd gu bheil an neach a gheibh am pàigheadh a' fuireach ann an Alba airson co-dhiù aon latha den t-seachdain bhuntainneach 4 - 10 Samhain 2024.

Ma bha neach a' fuireach ann an Alba air an t-seachdain bhuntainneach ach a-nis a' fuireach ann am pàirt eile den RA dh'fhaodadh iad a bhith airidh air Pàigheadh Teasachaidh Geamhraidh.

## Am faod daoine ath-cho-dhùnadh no ath-thagradh iarraidh?

Faodaidh. Faodaidh daoine iarraidh air Tèarainteachd Shòisealta Alba sùil a thoirt air a' cho-dhùnadh aca a-rithist.

## A bheil buaidh aig na pàighidhean seo air sochairean eile?

Chan eil, cha tèid sùim a ghabhail orra airson measaidhean sochair agus creideas cìse na RA.



Tha mòran dhaoine draghail mun chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu fhaighinn, tadhail air [gov.scot/costoflivingsupport](https://gov.scot/costoflivingsupport). No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.

## Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactscotland-bsl.org](https://contactscotland-bsl.org)



Webchat: [chat.socialsecurity.gov.scot](https://chat.socialsecurity.gov.scot)